

B1

F I C E

FRÈAM IOMRAIDH CUMANTA EÒRPACH

Sgrìobhadh | Writing

20 PUINGEAN | 20 POINTS [20%]



1. Ceist a h-Aon | Question One

[5 PUINGEAN]

Cuir toiseach na seantansan (1-10) còmhla ri deireadh nan seantansan (a-l) a tha ceart an seo.

Put the sentence beginnings (1-10) with the correct sentence ending (a-l) here.

1. Bu chòir dhut am feur _____
2. Saoilidh nach eil e a' tighinn _____
3. Tha an saoghal _____
4. Chan fhaca m' athair an tubaist _____
5. Cha b' urrainn dhaibh _____
6. Thug mi m' aghaidh _____
7. Cheannaicheamaid an taigh _____
8. Ma chruthaicheas tu faidhle ùr, _____
9. Cha ghabh an càr seo _____
10. Rachainn dhan bhaile-mhòr còmhla riut _____

- a. tòiseachadh idir agus chan eil mi cinnteach dè nì mi mu dheidhinn.
- b. a-nall an seo air a' bhàt'-aiseig.
- c. nam buannaicheamaid an crannchur nàiseanta!
- d. ga mhilleadh leis an leithid de phlastaig a th' ann a-nis.
- e. air drochaid an Eilein Sgitheanaich fhad 's a bha e a' tighinn a-nall.
- f. feumaidh tu a shàbhaladh san àite cheart.
- g. air an tràigh tràth sa mhadainn.
- h. na caoraich a lorg air a' mhachair.
- i. a ghearradh mus tig an t-uisge a-màireach.
- l. nam biodh tìde gu leòr agam.

Leugh am fiosrachadh gu h-ìosal agus sgrìobh freagairt air an ath dhuilleig. Sgrìobh eadar 100-150 faclan anns an fhreagairt agad.

Shiubhail thu air a' bhàta-aiseig eadar an t-Òban agus Loch Baghasdail. Fhad 's a bha thu air a' bhàta, cha robh biadh teth aca agus cha b' urrainn dha daoine biadh ceart fhaighinn air bòrd. A bharrachd air seo, bha am bàta fhèin fuar air sgàth 's nach robh an teas ag obair gu ceart. 'S e turas fada mì-cofhurtail a bh' ann agus cha robh thu toilichte leis an t-seirbheis. Sgrìobh ais-mholadh dhan chompanaidh ann am post-d. Feumaidh tu am fiosrachadh a leanas seo a chur anns a' phost-d agad:

- Cò às a bha sibh a' siubhail agus càit an robh sibh a' dol?
- Dè cho fada 's a bha an turas?
- Dè chaidh ceàrr agus ciamar a bha thu a' faireachdainn mu dheidhinn an t-suidheachaidh?
- Dè rinn an luchd-obrach fhad 's a bha thu air bòrd?
- Ciamar a dh'fhaodadh a' chompanaidh an suidheachadh seo a chur ceart?

Read the information below and write an answer on the next page. Write between 100-150 words.

You travelled on the ferry between Oban and Loch Boisdale. While you were on the boat, there wasn't any hot food and people couldn't get any good food. As well as this, the boat was cold because the heating was working correctly. It was a long and uncomfortable journey and you weren't happy with the service. Write feedback to the company in an email. You must include the following information in your email:

- Where were you travelling from and to?
- How long was the journey?
- What went wrong and how were you feeling about the situation?
- What did the staff do while you were on board?
- How can the company put this situation right?

2.

3.

[10 PUINGEAN]

Sgrìobh aiste, eadar 300-350 facal a dh'fhaide, mun nàbachd agus mu na nàbaidhean agad. Feumaidh tu am fiosrachadh seo a chur anns an fhreagairt agad:

- Cò ris a tha muinntir an àite coltach?
- Dè seòrsa bhuidhnean no chlubaichean a th' anns an nàbachd agus am bi thu fhèin a' gabhail pàirt annta? Carson? Dè b' fheàrr leat fhaicinn san sgìre nach eil ann?
- Na rudan as fheàrr leat mu bhith a' fuireach anns an àite seo agus dè na rudan nach eil cho math.
- Am bu mhiann leat imrich gu àiteigin eile? Carson a bu mhiann no nach bu mhiann leat sin?

Write an essay, between 300-350 words long, about your neighbourhood and your neighbours. You must include the following information in your answer:

- What are the inhabitants like?
- What sort of groups or clubs are there in your neighbourhood and do you take part in them? Why? What would you like to see in the area which isn't there?
- The things you prefer about living in this place and what things aren't so good.
- Would you like to move? Why would you like or wouldn't you like that?

Sgrìobh -

Handwriting practice lines consisting of 30 horizontal blue lines.